

Cùmhnant air Còirichean Cloinne

Is e aonta eadar-nàiseanta a th' ann an Cùmhnant nan Dùthchannan Alanaichte air Còirichean Cloinne. Tha e a mineachadh na còraichean (clann gu leir suas gu 18 bliadhna) a bu choir a bhith againn. Bidh na còraichean sin gar cuideachadh gus a bhith fallain, toilichte agus air an dion agus gus pàirt a ghàbhail ann an raon de gniomhachd agus cho-dhùinidhean a tha a toirt bùaidh oirnn.

Artaigil 31

Tha an Cùmhnant air a roinn ann an earrannan ris an canar artaigilean, a tha a mineachadh nan còraichean a bu choir a bhith aig clann gu h-iomlan. Tha Artaigil 31 ag ràdh gu bheil còir againn air fois, cur-seachadan, cluich is cleasachd agus pàirt a ghàbhail ann an gniomhachd chultarail is ealain.

Comataidh air Còirichean Cloinne

Is e buidheann de dhaoine bho air feadh an t-saoighail a tha nan eòlaichean air, còraichean cloinne a th' anns a Chomataidh air Còirichean Cloinne



Faoadh a "Chomataidh seo" Beachdan Coitcheann a sgriobhadh gus mineachadh dè tha an Cùmhnant a ciollachadh. Bheir Beachdan Coitcheann beachdan is fiosrachadh math seachad do riaghaltasan agus dhaoine eile a nì e nas fhasa a bhith a' dion agus a toirt taic dha na còraichean againn.




Beachdan Coitcheann air Artaigil 31

Chaidh Beachdan Coitcheann airson Artaigil 31 a sgriobhadh airson riaghaltas agus daoine eile a chuideachadh a bhith a tuigsinn cho cudromach s a tha cluich, cleasachd, cultar is na h-ealain. Bidh seo cuideachadh a cuideachadh Riaghaltasan le bhith a déanamh cinnteach gun urrainn dhùinn uile tlachd fhaighinn bho na còraichean sin.



Tha Artaigil 31 cudromach do oloinn is do dhaoine òga



- Feumaidh sinn àite agus iùne fhaighinn airson cluich, cleasachd is fois.
- Bidh cluich gar cuideachadh gus a bhith sàbhailte, fallain is toilichte.
- FEUMAIDH Kiaghaltasan dòighean a lorg gus cuidhteas fhaighinn air fudan a bhios a tighinn an àite iùne cluiche.
- Feumaidh cothroman a bhith againn gus a bhith a sgrùdadh agus a tuigsinn ar cultar fin.
- Bu choir dhùinn a bhith an sàs ann an gniomhachd chultarail is ealain agus cothrom a bhith againn a dhol gu àiteachan mar taigheantasgaidh, fèisean, taighean-cluiche, cuirmean is leabharlannan.
- Feumaidh Kiaghaltasan déanamh cinnteach nach eil duine againn air ar fàgail a-mach.
- Ma bheir Riaghaltasan fior aire don h-uile càil den seo, bi ar beathan nas toilichte agus nas fhallaine.

